



Tìotal: Aonta

Pàirt 1: Na thathar a' ciallachadh le aonta ann an dàimh

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CFE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhon. HWB 3-45a</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 3-45b</p> <p>Tha fios agam far am faigh mi taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhìol agus tha mi a' tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhìol. HWB3-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"> A' mìneachadh na buaidh a dh'fhaodas a bhith aig mì-chothromachd cumhachd air dàimhean, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil, me fòirneadh, uallach airson giùlan agus co-dhùnaidhean. A' toirt eisimpleirean de laghan a tha a' buntainn ri fallaineachd feise, mar eisimpleir aois aonta, còir air dìomhaireachd, aonta, fòirneadh, grumadh. Ag aithneachadh dè bu chòir a dhèanamh ann an suidheachadh giùlan droch-dhìolach no giùlan fheiseil mì-fhreagarrach, me a' cur stad air dàimhean mì-fhallain, taic ionadail, am poileas.

Amasan ionnsachaidh

- Gum bi fios aig daoine' òga gu bheil aonta ann an co-theacs dhàimhean mu chonaltradh agus spèis agus gu bheil e a' ciallachadh gun iarr iad cead air neach eile airson rud a dhèanamh.
- Gun tuig daoine' òga na cuideaman a bhios orra ann an dàimhean, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na tha aonta ann an dàimhean a' ciallachadh.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh na thathar a' ciallachadh le aonta feiseil.
- Tha mi a' leasachadh mo thuigse, mo sgilean agus mo chomas gus mì-fhìn a chur an cèill ann an dàimhean airson 's gun urrainn dhomh na rudan a tha mi ag iarraidh agus nach eil mi ag iarraidh innse.
- Tha mi a' leasachadh tuigse gu bheil uallach orm airson mo ghiùlan ri dhaoine eile.
- Tha fios agam nach fheum mi bhith ann an dàimh, agus nach fheum feise bhith na phàirt de dhàimh mura h-èil mi a' miannachadh sin.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Pàipear/pinn airson obair buidhne
- Ask. Listen. Respect. film (1 mhion. 11) <https://youtu.be/n6X5I7xoxEY>
- First Kiss and Showing Affection bho amaze.org (faid 2 mhion. 44) <https://youtu.be/VDaFzW-fNLc>
- Consent Explained bho amaze.org (faid 1 minutes 47) <https://youtu.be/5vmsfhw-czA>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

NÒT. Aig deireadh an leasain seo, agus air slaighdean 19-22 tha grunn 'sgeidsichean mu aonta', 's dòcha gum bi iad seo cuideachail do chuid. Cleachd iad aig àm sam bith san leasan ma tha iad feumail.

Obair

1. Tòisich an seisean mar seo: An-diugh tha an clas/a' bhuidheann gu bhith a' smaoin eachadh mu dhàimhean (mu bhith nam bràmar) agus mu rud cudromach a tha na phàirt de dhàimh ris an can sin aonta. Inns dhaibh nach eil dùil sam bith agad gum bi bràmar acasan, ach ma tha iad a' smaoin eachadh mu dhàimhean san àm ri teachd gu bheil an còmhraidh seo mu dhàimhean agus aonta cudromach.
2. **Dè th' ann an dàimh?** Cuir a' chiad cheist airson freagairtean fhaighinn. Seall an ath shlaighd nuair a tha sibh deiseil – 's e amas an t-slaighd/fiosrachadh innse gum faod dàimh a bhith a' ciallachadh aon deit, dàimh nach mair ach ùine ghoirid no a bhith còmhla ri neach airson ùine nas fhaide, a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga a' tuigsinn gu bheil riaghailtean mu aonta a' seasamh anns gach suidheachadh.

Nuair tha sinn a' bruidhinn mu dhàimh tha sinn a' ciallachadh gu bheil neach dlùth/an sàs ri neach eile ann an dòigh romansach no feiseil. Faodaidh seo a bhith a' ciallachadh gu bheil daoine a' dol air aon deit, no gu bheil daoine còmhla airson ùine ghoirid no ann an dàimh fad-ùineach.

3. **Dè th' ann an dàimh fhallain?** Iarr air na daoine òga obrachadh ann am buidheann beag agus cuir a' cheist orra. Thoir pìos pàipeir do gach buidheann agus iarr orra liosta a dhèanamh – cuir nan cuimhne gum faod eas-aonta a bhith eatarra agus ma tha rudan ann air nach eil iad ag aontachadh an sgrìobhadh agus an comharrachadh. Faigh fios air ais agus dèan sgrùdadh air freagairtean far a bheil aonta agus eas-aonta.
4. Inns gu bheil dà shlaighd agad air a bheil beachdan mu rudan a tha a' dèanamh dàimh fallain – seall na slaighdean agus faigh beachdan bho na daoine òga mar a tha sibh a' dol air adhart. A-rithist mus tòisich sibh, cuir an cuimhne na daoine òga nach eil thu a' gabhail ris gu bheil iad ri feise, tha seo mu bhith a' coimhead air adhart (agus san ath leasan ionnsaichidh iad tuilleadh mun lagh agus an aois aig am faod daoine a bhith ri feise).

Ann an dàimh fhallain bidh dithis dhaoine:

- A' faireachdainn sàbhailte, co-ionann, toilichte agus gu bheil iad a' faighinn spèis.
- A' smaoin eachadh mu na tha càch a chèile ag iarraidh
- A' cumail agus a' faicinn charaidean agus teaghlach nuair a thogras iad.
- A' dealachadh mas e sin a tha iad ag iarraidh.

Ann an dàimh cha bhi an dithis dhaoine:

- A' cur cuideam air an neach eile, agus far a bheil e a cheart cho furasta aontachadh rud a dhèanamh 's a tha e dhaibh diùltadh.
- A' dèanamh rudan a tha a' fàgail an neach eile a' faireachdainn mi-chofhurtail, iomagaineach no a' faireachdainn an eagail.
- A' faireachdainn uallach a thaobh a bhith a' cur seachad ùine còmhla ri teaghlach an neach eile mura h-eil iad deònach.

5. **Aonta.** Cuir an cuimhne nan daoine òga gun do bhruidhinn thu mu aonta na bu tràithe. *Ciamar a dh'èrich an cuspair thuige seo?* Seall an slaighd air a bheil am prompt: **Dè tha aonta a' ciallachadh nad bheachdsa?** Agus broснаich còmhraidh goirid sa bhuidheann. Leugh an ath shlaighd air a bheil

mìneachadh, agus às dèidh dhuibh a leughadh, iarr eisimpleirean de amannan nuair a bhios daoine òga a' faighinn aonta airson rudeigin (ann an suidheachadh sam bith no ann an dàimh) agus dèan cinnteach à tuigse gu ruige seo.

Tha Aonta a' ciallachadh...

- Cead iarraidh air neach arson rud a dhèanamh no faighneachd dhaibh a bheil iad ag iarraidh rud.
- Ma chanas iad gu bheil, tha iad ag aontachadh no a' toirt seachad aonta.
- Ma chanas iad nach eil, chan eil iad ag aontachadh no a' toirt seachad aonta.
- Mura can iad guth, no mura h-eil iad cinnteach no soilleir, chan eil iad a' toirt seachad aonta.
- Ma bheir iad seachad aonta aon turas, feumaidh tu fhathast cead iarraidh an-ath-turas.

6. **Dàimhean dlùth agus aonta.** Inns ann an dàimhean gum bi daoine a' fàs nas dlùithe. Cleachd an slaighd airson a' cheist a chur agus airson còmhradh a bhrosnachadh – ma tha e cuideachail dhan luchd-ionnsachaidh, iarr orra liosta a dhèanamh.

7. Airson leantainn oirbh a' smaoinachadh mu na tha aonta a' ciallachadh ann an dàimhean, mìnich gu bheil na daoine òga a' dol a choimhead air dà fhilm goirid mu phògadh. Inns gum faod pògadh a bhith na phàirt tràth de dhàimh. Agus mar sin tha aonta cudromach mar-thà.

Coimheadaibh air **First Kiss and Showing Affection** – cartùn aotrom le teachdaireachd mu aonta (faid 2 mhion. 44) <https://youtu.be/VDaFzW-fNLc>

An uair sin coimheadaibh air **Ask. Listen. Respect** (1 mhion. 11) <https://youtu.be/n6X5I7xoxEY> far a bheil dithis òga a' dèiligeadh ris a' chiad phòg aca.

Às dèidh gach film èist ri beachdan no ceistean sam bith. Meòraichibh air na filmichean, ciamar a dh'iarr na daoine òga cead no aonta?

8. **Aonta feiseil:** Seall an teirm dhan bhuidheann/chlas agus inns gu bheil aonta cudromach ann am feise. Coimheadaibh am film **Consent Explained** (faid 1 mhion. 47) <https://youtu.be/5vmsfhw-czA> Às dèidh dhuibh am film fhaicinn, dèan sgrùdadh air na thuig a' bhuidheann bhon chartùn agus faic dè na ceistean a th' aca. An uair sin cleachd an ath thri shlaighdean airson mìneachadh agus còmhradh mar a tha sibh a' dol air adhart - brosaich ceistean mar 'Ach dè nan ...', cuimhnich gu bheil e cuideachail do dhaoine òga cion tuigse no imcheist a chur an cèill mun chuspair thoinnte seo.

Tha aonta feiseil a' ciallachadh

- Gu bheil na thathas a' dèanamh rè feise air aontachadh, spèiseil agus gu bheil e a' còrdadh ri gach neach. Gu bheil an dithis dhaoine a' faireachdainn sàbhailte agus toilichte nuair a tha iad ri feise.
- Gum feum thu aonta gach turas a tha thu a' dèanamh rud feiseil, a' chiad turas agus gach turas bhon sin a-mach.
- Mura h-eil thu cinnteach, chan eil aonta agad.
- Nuair a tha neach a' toirt seachad aonta a thaobh feise, feumaidh seo a bhith saor-thoileach, chan ann air sgàth 's gun deach an sàrachadh no gun deach toirt orra faireachdainn gum feum iad.
- Nach bu chòir dhut rud sam bith feiseil a dhèanamh nuair nach eil thu deònach. Ged a bhiodh tu air aontachadh rud a dhèanamh roimhe faodaidh tu d' inntinn atharrachadh an-ath-turas.

- Nach bu chòir dhut cuideam fhaireachdainn gus dealbhan a thogail, dealbhan a chur gu neach eile no coimhead air dealbhan no teachdaireachdan a tha mi-chàilear no feiseil.
- Nach bu chòir dhut cuideam a chur air neach eile gus rud feiseil a dhèanamh. Ma dh'atharraicheas an neach eile an inntinn, feumaidh tu stad.
- Chan urrainn do neach aonta a thoirt seachad mura h-eil iad comasach air sgàth deoch-làidir no drugaichean no ma tha iad nan cadal no gun mhothachadh. 'S e ionnsaigh dhrabasta no èigneachadh a th' ann an gnìomhan feise sam bith sna suidheachaidhean seo.

9. Ciamar a bhios fios agad gu bheil neach a' toirt seachad aonta? Cuir a' cheist agus brosnach beagan còmhraidh ann an dithisean, an uair sin iarr fios air ais. Seall an slaighd – tro chòmhradh agus a' dèanamh cinnteach à tuigse, daingnich gum bu chòir aire a bhith air conaltradh briathrail agus neo-bhriathrail. (A-rithist a' daingneachadh gu bheil seo a' coimhead air adhart gu suidheachaidhean feiseil).

Ciamar a bhios fios agad gu bheil neach a' toirt seachad aonta?

- Gabhaidh aonta toirt seachad ann an dòigh bhriathrail no le briathran (far a bheil an neach ag ràdh gu bheil iad ag aontachadh) no ann an dòigh neo-bhriathrail (ris an canar gluasad-bodhaig).

NÒT: Thoir tuilleadh fiosrachaidh dha na daoine òga mar a leanas: Mar sin tha e cudromach gun lean an dithis orra a' toirt an aire dha chèile airson a bhith cinnteach gu bheil iad le chèile fhathast toilichte, cofhurtail agus gu bheil am beatha fheiseil fhathast a' còrdadh riutha. Mura h-eil neach cinnteach gu bheil an chèile toilichte agus cofhurtail, chan eil aonta aca.

- Am measg nan eisimpleirean de dhòighean san toir neach seachad aonta tha: a' tarraing neach nas dlùithe dhaibh, a' coimhead gu dìreach orra sna sùilean, fiamh a' ghàire, a' suathadh ann an neach a dh'aona-ghnothach, a' gnogadh an ceann, ag ràdh rudan mar 'tha sin a' faireachdainn math' no 'tha mi fhathast ag iarraidh a dhèanamh'. Tha deagh chonaltradh na phàirt de dheagh bheatha fheiseil.

10. Aonta: Dè tha soilleir? Dè tha caran doirbh? Iarr air na daoine òga obrachadh nan dithisean no mar bhuidhnean beaga agus liosta no dhà a dhèanamh. Can riutha gu bheil thu airson na liostaichean a chruinneachadh gus dèanamh cinnteach gun tig dèiligeadh ri puingean sam bith san ath leasan. Air aon liosta faodaidh iad gach rud a tha iad a' tuigsinn mu aonta a sgrìobhadh, mar a tha e ag obair, na tha e a' ciallachadh. Air an liosta eile faodaidh iad suidheachaidhean no rudan mu nach eil iad cinnteach a mhìneachadh no ceistean sam bith a th' aca - mìnich gur dòcha gur e sin na rudan far am bi thu a' smaoinachadh ach dè ma tha (thachras seo)... '. Tha a' chiad eisimpleir air a thoirt seachad air an t-slaighd airson deasbad/còmhradh a thòiseachadh. An ceann greis faigh fios air ais agus brosnach còmhradh, a' sgrùdadh na tha soilleir agus a' brosnachadh nan daoine òga gu bhith a' mìneachadh agus a' cuideachadh a chèile ann a bhith a' tuigsinn. Faodar tilleadh gu puingean sam bith far a bheil cion tuigse no imcheist san ath sheisean.

11. Airson crìochnachadh, thoir taing airson na rinn na daoine òga agus cuir nan cuimhne gu bheil an ath sheisean mu *aois aonta*, mar sin na tha an lagh ag ràdh mu aois dhaoine òga mus faod iad bhith ri feise.

12. *Cuimhnich gu bheil sgeidsichean mu aonta ann a ghabhas cleachdadh an-dràsta no nas tràithe san leasan - faic slaighdean 19 gu 23.*

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.

Thairis air dà leasan bidh daoine' òga ag ionnsachadh mu aonta. Ionnsaichidh iad gu bheil aonta mu chonaltradh agus spèis agus gu bheil e a' ciallachadh a bhith ag iarraidh cead air neach eile airson rud a dhèanamh. Thèid iarraidh air na daoine' òga coimhead air adhart chun an àm nuair a bhios iadsan nan inbhich òga agus a' smaoinichadh air na tha aonta a' ciallachadh ann an dàimhean feiseil. Tha sinn ag iarraidh daoine' òga a chuideachadh a' leasachadh tuigse, sgilean agus comas gus iad fhèin a chur an cèill ann an dàimhean, airson 's gun urrainn dhaibh innse na tha agus nach eil iad ag iarraidh. Aig an aois seo tha sinn a' tuigsinn nach bi gach neach òg a' suirghe, ach feumaidh sinn cuimhneachadh gum bi a' mhòr-chuid air beachdachadh air cò ris a bhiodh e coltach a bhith ann an dàimh romansach. Tha grunn fhilmichean/chartùnaichean ann airson ionnsachadh mu aonta, 's dòcha gum bi sibh airson an coimhead aig an taigh cuideachd.

- **Ask. Listen. Respect** (1 mhion. 11) <https://youtu.be/n6X5I7xoxEY>
- **First Kiss and Showing Affection** (faid 2 mhion. 44) <https://youtu.be/VDaFzW-fNLc>
- **Consent explained** (faid 2 mhion. 44) <https://youtu.be/5vmsfhw-czA>
- **Consent – cup of tea** <https://youtu.be/u7Nii5w2Fal> (2 mhion. 58)
- **Cycling through Consent** <https://youtu.be/-JwKjRaUaw> (3 mion. 47)

Ionnsaichidh daoine' òga cuideachd mu aois aonta agus mu na tha an lagh ag ràdh mun aois aig am faod daoine' òga a bhith ri feise.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Aois aonta

Beachdan eile/gnìomhan

Consent – cup of tea <https://vimeo.com/128105683> (2 mion. 58) An cartùn clasaigeach, 's dòcha gum faca na daoine' òga e mar-thà, ach dh'fhaoite gum bi iad toilichte fhaicinn a-rithist.

Cycling through Consent <https://youtu.be/-JwKjRaUaw> (3 mion. 47) A' cleachdadh samhachadh saidhcleadh.

Am piotsa: sgeulachd mu aonta.

'S dòcha gum bi ùidh agaibh sa chòmhradh buidheann beag seo agus gum bi e feumail dhan luchd-ionnsachaidh agaibh airson tuilleadh ionnsachadh:

Inns gu bheil thu a' dol a thòiseachadh le pìos de sgeulachd, agus gum bi thu ag iarraidh air na daoine' òga am beachdan a thoirt seachad air na ceistean a thathar a' cur. Tha e mu phìotsa ... Oobraichibh tro na suidheachaidhean, a' sgrùdadh nam freagairtean, a' brosnachadh còmhradh mar a tha sibh a' dol air adhart. 'S e brìgh a' chòmhradh mar a tha sibh a' dol air adhart:

Càit a bheil aonta (cead) air a thoirt seachad?

A bheil e air a thoirt seachad ann an dà-rìreabh no a bheilear dìreach a' gabhail ris gu bheil?

Ma tha e air a thoirt seachad aon latha, am faodar gabhail ris gu bheil seo a' seasamh gach turas a tha an aon suidheachadh ag èirigh?

- Tha do bhràthair a' coiseachd a-steach dhan taigh le piotsa mòr agus ga chur air bòrd a' chidsin. Tha e a' dol dhan rùm aige airson rudeigin fhaighinn. Tha thusa ag ithe pìos. **A bheil e cothromach dhàsan a bhith feargach gun do dh'ith thu pìos dhen piotsa?**
- An ceann latha no dhà tha do bhràthair a' coiseachd a-steach dhan taigh le piotsa mòr, agus ag ràdh riut pìos a thoirt thugad, 's tha thu ag ithe pìos. **Am biodh e cothromach dha a bhith feargach gun do dh'ith thu pìos? Dè nan itheadh tu am piotsa gu lèir?**
- Can gu bheil do bhrathair a' coiseachd a-steach le piotsa mòr, agus ag ràdh riut a thoirt thugad gu lèir, agus gu bheil thu ga ithe gu lèir: **Am biodh e cothromach dha a bhith feargach gun do dh'ith thu am piotsa gu lèir?**
- An-ath-latha tha do bhràthair a' toirt piotsa eile dhachaigh, tha e a' dol dhan rùm aige airson rudeigin fhaighinn agus tha thusa ag ithe a' piotsa gu lèir. **A bheil e cothromach dhàsan a bhith feargach gun do dh'ith thu am piotsa?**

Nòtaichean Tidseir